

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson a sgaoileadh sa bhad, 15/08/2012

Cuirm-chnuic nan Teadaidhean ann an Gleann Nibheis

Chruinnich clann agus am pàrantan ann an Gleann Nibheis air Diardaoin 9 Lùnastal airson 'Mìr Mathain' no Cuirm-chnuic nan Teadaidhean.

Le cuideachadh bho Michelle Melville, Raonair Tuatha Chomhairle na Gàidhealtachd, ghabh clann pàirt ann am 'bogadh-lòin' far an d' fhuair iad tlachd mhòr à bhith a' comharrachadh nan diofar ghnèithean a bha iad a' cruinneachadh sna lìn aca, agus a' sealg mhion-ainmhidhean.

Air a chur an òrdugh le Bòrd na Gàidhlig, thug a' chuirm-chnuic cothrom don chloinn a bhith com-pàirteach ann an gnìomhachdan Gàidhlig taobh a-muigh suidheachadh foirmeil agus bha e follaiseach gun robh e a' còrdadh riutha uile a bhith ag iasgach airson ceann-phollain agus a' cladhach airson bhoiteagan.

An uair sin, ghabh a' chlann mòr-thlachd à cuirm-chnuic le an teadaidhean agus bha fiù 's an aimsir fìor choibhneil dhaibh ann an Gleann Nibheis – a dh'aindeoin meanbh-chuileag no dhà!

Ma tha ùidh agaibh ann an tuilleadh fiosrachaidh mu gnìomhachdan Tràth-Bhliadhnaichean san sgìre, cuiribh fios gu Joanne McHale air 07557481075 no post-d gu joanne@gaidhlig.org.uk.

DEIREADH

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate use, 15/08/2012

Teddy Bear's Picnic in Glen Nevis

Children and their relatives gathered in Glen Nevis on Thursday 9 August for a 'Mìr Mathain' or Teddy Bear's Picnic.

With help from Highland Council Countryside Ranger, Michelle Melville, children took part in 'pond-dipping', where they had a great time identifying the different species they collected in their nets, and also hunting for mini-beasts

Organised by Bòrd na Gàidhlig, the picnic gave youngsters an opportunity to participate in Gaelic activities out-with a formal setting and it was evident that they all enjoyed fishing for ceann-phollain (tadpoles) and digging for boiteagan (worms).

The children then enjoyed a picnic with their teddy bears and Glen Nevis even provided great weather - minus a midge or two!

If you are interested in information about Gaelic Early Years activities in the area, please contact Joanne McHale on 07557481075 or by e-mail at joanne@gaidhlig.org.uk.

ENDS